



### Postairean PE - briathrachas agus gnìomhan PE airson na bun-sgoile

Marion Steele

(Diciadain a-mhàin)

Annas a' bhùth-obrach seo gheibh tidsearan bun-sgoile a dh'fheumas PE a theagasg an cothrom eòlas a chur air gnìomhan PE a ghabhas dèanamh sa chlasrum no san raon-chluiche. Tro bhith a' cur eòlas air na gnìomhan cuiridh iad eòlas cuideachd air a' bhriathrachas a bu choir dhaibh cleachdadh.

### Sgeama Litreachaidh Fòneataig (Bun-sgoil 1-3)

Màiri NicDhòmhnaill, Gwen Culbertson

(Diciadain a-mhàin)

Coimheadaidh a' bhùth-obrach seo air sgeama litreachaidh fòneataig a chaidh a leasachadh le tidsearan ann an Roinn na Gàidhealtachd. Cluinnidh riochdairean mar a chaidh an sgeama a chruthachadh agus bidh cothrom aca na gnìomhan litreachaidh fheuchainn iad fhèin. Cuideachd, thig riochdairean còmhla ann am buidhnean gus goireasan litreachaidh eile, as urrainn dhaibh cur gu feum nan clasrum fhèin, a leasachadh agus a roinn. Mar sin, bu chòir USB a thoirt chun na bùth-obrach seo!

### Leabhraichean Mòra - eisimpleir de dheagh chleachdadh (Bun-sgoil)

Catrìona Chaimbeul

(Feasgar Diciadain & Diardaoin x 2)

Thèid trì tiotalan ùra chun nan sgoiltean am-bliadhna: Goldilocks agus na Trì Mathain, Na Trì Gobhair Ghruamach agus Na Trì Mucan Beaga. A' cleachdadh thiotalan a tha ann mu thràth agus eisimpleirean bhon fheadhainn ùra, cluinnidh riochdairean mar a fhuair aon tidsear air adhart a' cleachdadh nan leabhraichean goireasach seo. Cuiridh iad taic ri teagasg chuspairean agus tha eisimpleirean annta airson a bhith a' cruthachadh stuthan còmhla ris a' chlas. An cois cuid de na tiotalan tha leabhraichean-d a ghabhas cleachdadh air bòrd-geal eadar-ghnìomhail; faodaidh clann am mac-meanmna a chleachdadh gus innse do dhaoine eile mar a bu chòir an sgeulachd crìochnachadh, nam beachd-san!

### Taic do chlann le feumalachdan taic a bharrachd

Eàirdsidh MacLulich, Fiona Lyons

(Diciadain & Diardaoin)

Coimheadaidh Eàirdsidh MacLulich ri cùisean co-cheangailte ri measadh cloinne agus trèanadh luchd-obrach ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' togail air pròiseact rannsachaidh a rinn e o chionn ghoirid do Bhòrd na Gàidhlig. Cuideachd, seallaidh e dòighean a tha ag amas an-dràsta air a bhith a' leasachadh ghoireasan taic do chlann le feumalachdan taic a bharrachd, bho shealladh saidhceòlach. Bheir Fiona Lyons sùil air na cùisean sin bho shealladh an tidseir.

### Meadhanan ùra sa chlas

Hamish Budge

(Feasgar Diciadain & Madainn Diardaoin)

Bidh cothrom aig riochdairean ionnsachadh mu phrògraman mheadhanan simplidh as urrainn dhaibh cleachdadh nan clasrum fhèin. Ionnsaichidh iad cuideachd mar a chuireas iad iad gu feum gus pasgan mheadhanan simplidh a dhèanamh a chleachdadh iad mar phàirt de chuspair no de phròiseact. Thèid sealltainn do riochdairean na dòighean a dh'fheumas iad airson teasca agus ìomhaighean a chlàradh, a dheasachadh agus a luchdachadh suas gu PC no gu innealan so-ghiùlain. Bidh na prògraman a thèid a chleachdadh an-asgaidh agus ri fhaotainn air-loidhne far am faigh a h-uile tidsear thuca. Thèid prògraman eile a tha ri fhaotainn agus goireasan air-loidhne eile a tha an-asgaidh a shealltainn dhaibh airson fiosrachadh.



### Frèam Cànan airson Gàidhlig

D I MacLeòid, Shona NicCarraig  
(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

Sa bhùth-obrach seo canaidh D I MacLeòid facal goirid mu carson a tha feum air ‘frèam cànan’ agus seallaidh e mar a tha obair cànan a’ ceangal a-steach ri CfE agus ri goireas leithid Mirean. An uair sin, ann am buidhnean, obraichidh riochdairean air dreachd den fhrèam seo, a tha a’ ruith bhon Ìre Thràth gu Ìre 3, ag atharrachadh rudan no a’ cur ris, gu h-àraidh a thaobh dòighean-teagaisg agus nan stuthan a tha a dhìth. Cuiridh Seona NicCarraig ris a’ bhùth-obrach bho shealladh an tidseir sa chlasrum.

### Nobhailean - A’ brosnachadh sgrìobhadh cruthachail

Chrisella Ros, Màiri E Milne  
(Feasgar Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Bheir a’ bhùth-obrach seo sùil air na ceumannan riatanach ann a bhith a’ sgrìobhadh sgeulachd chruthachail agus air carson a bhios tidsearan a’ cleachdadh sgrìobhadh sgeulachd chruthachail. Tha Chrissella agus Màiri le chèile nan ùghdaran.

Bheir iad eisimpleirean seachad air stoidhlichean sgrìobhadh cruthachail a tha freagarrach airson clann bun-sgoile, agus seallaidh iad mar as urrainn do chlann nas òige dealbhan a chleachdadh gus sgeulachd a chruthachadh, agus gus ionnsachadh mar a chruthaicheas agus a leasaicheas iad caractar.

Bidh còmhraidh ann mu na dòighean sam bi sgrìobhadh cruthachail a’ cuideachadh gus sgilean cànan, gràmar, litearrachd, litreachadh agus cleachdadh gnàthasan-cainnt a leasachadh.

### Ciste nan Lochlannach (Bun-sgoil 4-7)

Amy Cruickshank  
(Diardaoin a-mhàin)

Seallaidh a’ bhùth-obrach seo mar a chleachd aon tidsear an goireas seo na sgoil fhèin. Gheibh riochdairean fiosrachadh mu gach nì sa chiste agus mar a ghabhas a chleachdadh airson obair cuspair agus obair pròiseict. Cuideachd, bidh cothrom aig riochdairean stuthan a chruthachadh iad fhèin a chleachdas iad nan clasrum fhèin.

### Bliadhna an Nàdair an Alba 2013

Emily Edwards agus Mòrag Dhòmhnaillach  
(Diardaoin a-mhàin)

Bidh Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH) a’ coimhead às dèidh fiadh-bheatha, àrainnean, cruth-tìre agus bòidhchead nàdarraich na h-Alba agus a’ brosnachadh dhaoine gus tlachd a ghabhail agus luach a chur annta. Mar phàirt de Bhliadhna an Nàdair an Alba, stiùiridh Emily Edwards, oifigear Gàidhlig SNH, a’ chiad phàirt dhen t-seisean seo a choimheadas ri goireasan Gàidhlig SNH airson sgoiltean, agus a ghabhas a-steach nan tiotalan ùra National Geographic aig Stòrlann, Beathaichean nan Àrainn Fhèin.

Thèid an dàrna pàirt a stiùireadh leis an neach-ealain Mòrag Dhòmhnaillach, agus ’s e seisean practaigeach a bhios ann. Dh’obraich Mòrag còmhla ri SNH air an taisbeanadh Air lomaid agus on uair sin air a’ phròiseact Rannsaich, a thug clann a-mach gu pàircean, coilltean agus tèarmainn gus nàdar a rannsachadh tro ealain.

Bruidhnidh Mòrag air dòighean sìmplidh agus bidh comhairle aice airson a bhith a’ toirt sgoilearan a-mach agus a’ dol an sàs ann an nàdar agus ealain ann an dòigh spòrsail, phractaigeach. Gheibh compàirtichean san t-seisean pasgan CPD.